



CUIREADH GU TAIRGSE – FIOSRACHADH

Cùmhnant airson Lìbhrigeadh Sheirbheisean FILMG15 agus FILMG16 – Duais 2 bhliadhna

9 Cèitean 2022

1. Tha MG ALBA a' toirt cuireadh dhuibh tairgse a dhèanamh airson nan seirbheisean gu h-àrd a sholarachadh.
2. Feumar an tairgse agaibh a chur a-steach tro phost-d gu tender@mgalba.com
3. Feumaidh tairgsean ruighinn ro 2f air 8 Ògmhios 2022. Is dòcha nach tèid beachdachadh air tairgsean a thig a-steach às dèidh seo.
4. Chan eil e mar dhleastanas air MG ALBA gabhail ri tairgse sam bith a gheibhear.
5. Bu chòir ceistean a chur gu Alison Bruce aig alison.bruce@mgalba.com
6. Is dòcha nach tèid beachdachadh air an tairgse agaibh mura h-eil e a' coileanadh riatanasan nan sgrìobhainnean a leanas:
 - A. Seirbheisean air an Sireadh
 - B. Fiosrachadh agus Stiùiridhean do Luchd-tairgse
 - C. Slatan-tomhais Duais agus Meatrags Sgòraidh
 - D. Ceisteachan: Fiosrachadh riatanach agus Dearbhadh

A. SEIRBHEISEAN AIR AN SIREADH

1. Cùl-fhiosrachadh

'S e co-fharpais fhilmichean goirid Gàidhlig a th' ann am FilmG a tha a' foillseachadh agus a' brosnachadh gach taobh de bhith a' dèanamh fhilmichean bho dhaoine òga gu proifeiseantaich sa ghniomhachas. Bho thòisich e ann an 2008 tha e air a bhith na mheadhan air leth cudromach do BhBC ALBA, agus tha mòran de na com-pàirtichean air a dhol air adhart gu bhith a' leasachadh dhreuchdan meadhanan agus a' faighinn tuilleadh [aithne sa ghniomhachas](#).

Tha [làrach-lìn](#), [seanail](#) YouTube agus cunntasan [Facebook](#), [Twitter](#), [Instagram](#) agus [TikTok](#) aig a' bhrand.

Bho chaidh a chuir air bhog tha an fharpais air còrr air 1000 film goirid fhaighinn.

Tha an cùmhnant seo a' toirt cothrom chan ann a-mhàin an soirbheachadh eachdraidheil sin a chumail suas, ach togail air. Tha sinn a' feuchainn ri àite FilmG mar mheadhan leasachadh tàlant cudromach a neartachadh, agus a cheart cho cudromach, a bhith ag àrdachadh a h-ìomhaigh mar chomharrachadh air an t-susbaint dhidseatach a thathas a' cruthachadh le ginealaichean ùra de luchd-labhairt òga misneachail na Gàidhlig. Mar phàirt de thairgsean tha sinn a' cur fàilte air molaidhean a thaobh mar a ghabhadh am modal libhrigidh FilmG a th' ann mar-thà atharrachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid amasan na farpais a choileanadh.

Thathas a' toirt cuireadh do luchd-tairgse tadhal air làrach-lìn MG ALBA airson fiosrachadh mun chompanaidh agus an cuid obrach. Faic www.mgalba.com

2. Seirbhisean air an sireadh

Tha an tairgse fhosgailte seo airson cùmhnant airson farpaisean FilmG15 agus FilmG16 a libhrigeadh (a' gabhail a-steach bùthan-obrach, a bhios a rèir maoinachadh Riaghaltas na h-Alba ann an 23/24) agus cuirm dhuaisean airson 22/23 agus 23/24. Tòisichidh an cùmhnant air 11 Iuchar 2022 agus thig e gu crìch air 31 Màrt 2024.

3. Nithean air an libhrigeadh / Toraidhean

Libhrigeadh soirbheachail co-fharpaisean FilmG15 agus FilmG16 ann an 22/23 agus 23/24 a' gabhail a-steach:

- an Fharpais thar 2022 agus 2023;
- na Bùthan-obrach ann an 2022 agus 2023; agus
- Cuirm nan Duaisean as t-Earrach 2023 agus 2024.

Gus dèanamh cinnteach à libhrigeadh soirbheachail, bithear an dùil gun toir an tagraiche soirbheachail na leanas seachad, a bhios mar phàirt den chùmhnant:

1. **Plana Pròiseict Co-fharpais** a' mìneachadh nan nithean a ghabhas an libhrigeadh a bhios mar as trice a' gabhail a-steach na leanas:

- Buidseat (leis a' Chìs Sheirbheisean mar phàirt)
 - Clachan-mìle
 - Clàr ghnìomhan, a' gabhail a-steach:
 - Coitcheann;
 - Cuspair & Brandadh – le ùghdarras deireannach aig MG ALBA;
 - Cur air bhog – pròiseas agus fios dha na meadhanan;
 - Tomhais an Cuspair;
 - Làrach-lìn;
 - Duaisean - a' gabhail a-steach luchd-goisteachd a dh'fhaodadh a bhith ann, a thathar an dùil a gheibh an solaraiche seirbheis a lorg, a chlàradh agus aithneachadh;
 - Grafaigean nan Duaisean - thathar an dùil gum bi an solaraiche seirbheis a' cruthachadh seo bho thùs / no a' bhith a' cur air dòigh cruthachadh sam bith;
 - Bùthan-obrach sgoiltean/leasachaidh, a' gabhail a-steach ceangal dlùth le sgoiltean agus tidsearan;
 - Fòcas air gnèithean, air Oileanaich/Gnìomhachas/eile, a' gabhail a-steach Dùthchas;
 - Fianais air a chlàradh mu fhoirmean foillseachaidh iomchaidh airson a h-uile buidheann
 - Dearbhadh clàraichte gu bheil filmichean a chaidh a chuir a-steach air cumail ri riaghailtean, a' toirt a-steach [stiùireadh PG](#) agus cleachdadh [ceòl a chaidh ùghdarrachadh](#);
 - Dearbhadh clàraichte air ceadan/cead a tha a dhìth (a' gabhail a-steach craoladh às dèidh làimh air BBC ALBA);
 - A' breithneachadh;
 - Ceann-latha dùnaidh agus Films Live;
 - Na meadhanan.
- Mion-sgrùdadh Riosg na Pròiseict

2. **Plana Pròiseict Tachartas Duaisean**, anns am bi na leanas:

- Amasan Tachartas Duaisean
- Ag ullachadh tachartas dhuaisean beò, a tha air a gabhail os làimh ann an com-pàirteachas le MG ALBA.

- Is e tachartas dhuaisean beò a th' ann an tachartas, no prògram dhuaisean stèidhichte san stiùidio. Thathas an dùil gun tèid an tachartas dhuaisean a chraoladh beò no a chraoladh gu h-ìomlan no ann am pàirt nas fhaide air adhart
 - Tha feum air ceangal dlùth le MG ALBA a' gabhail a-steach - ach gun a bhith cuibhrichte gu - na leanas:
 - Ag ullachadh agus a' cruthachadh pìosan film goirid airson duaisean ('VTan')
 - Luchd-obrach riochdachaidh agus teicnigeach (stiùiriche nam measg) air an toirt seachad le MG ALBA, riochdachadh, sruthadh beò, tachartas beò agus goireasan *projection*.
 - Dleastanasan aoigheachd
 - Ullachaidhean aoighean, a' gabhail a-steach luchd-ainmichte. A' riarachadh dhleastanasan
 - A' riarachadh dhleastanasan
- Buidseat Tachartais

Is e amas na farpais:

- A bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh bun sgilean ann an dèanamh fhilmichean agus innse sgeulachdan air-sgrion ann an coimhearsnachdan Gàidhlig, sgoiltean, agus foghlam às dèidh na sgoile.
- A bhith a' cruthachadh agus a' taisbeanadh meudan susbainteach de shusbaint didseatach Gàidhlig ùr
- A bhith a' brosnachadh luchd-labhairt na Gàidhlig agus daoine aig nach eil Gàidhlig a bhith a' cruthachadh agus tlachd a ghabhail agus ùidh a thogail sna meadhanan Gàidhlig
- A bhith a' leasachadh agus a' fàs coimhearsnachd air-loidhne de dhaoine aig a bheil ùidh gu gnìomhach anns na cothroman a tha teicneòlasan meadhanan didseatach a' toirt don Ghàidhlig
- Tàlant le Gàidhlig a lorg airson BBC ALBA

Is iad na toraidhean a thathar a' sireadh:

- A bhith a' feuchainn ri bun susbaint didseatach agus innse sgeulachdan sa Ghàidhlig fheuchainn a-mach aig ìre sgoile, a' toirt taic do dh'fhoghlam, coimhearsnachdan agus ath-bheothachadh cànan ann an dòighean ùra
- Coimhearsnachd a tha a' sìor fhàs ceangailte de luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh agus luchd-taic na Gàidhlig a tha gu gnìomhach a' gabhail pàirt ann an leasachadh susbaint didseatach Gàidhlig agus a tha misneachail nan dearbh-aithne agus nam fèin-labhairt
- Aghaidhean, guthan, beachdan agus tàlant eile ùra a' nochdadh (luchd-labhairt na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh) agus iad seo an gluasad air adhart gu na meadhanan
- Coimhearsnachd gnìomhach de luchd-labhairt na Gàidhlig agus aig nach eil Gàidhlig a bhios a' coimhead, a' breithneachadh agus a' faighinn tlachd às na meadhanan Gàidhlig
- Aithneachadh aig ìre nàiseanta air a' phròiseact agus na builean aige mar a bhith a' cur gu mòr ri cultar na h-Alba.

Tha na slatan-tomhais bliadhna airson soirbheachais air a bhith mar a leanas gu ruige seo agus thathar an dùil gun lean na prionnsabalan sin:

	Slatan-tomhais	Targaidean eachdraidheil
1	Faigh àireamh aontaichte de dh'fhilmichean bho na buidhnean targaid gach bliadhna	90 film gu h-iomlan
2	Fàs bliadhna air seallaidhean film	10%
3	Meudaich agus cùm suas coimhearsnachd FilmG air-loidhne tro roinneadh mheadhanan sòisealta, retweets, likes agus beachdan	Àrdachadh de 10% thar ùrlaran mheadhanan sòisealta
4	Aithneachadh nàiseanta – aonta poblach bhon Riaghaltas, Gnìomhachas no buannachadh duais nàiseanta.	1
5	Faigh àireamh aontaichte de artaigilean brosnachail sna meadhanan gach bliadhna	50
6	Cleachdadh teicneòlas ùr, agus toirt a-steach diofar theicneòlasan do sgoiltean.	Cudrom mòr air cuideachadh / com-pàirteachadh didseatach

4. Eòlas agus Sgilean

Feumaidh na sgilean agus an eòlas iomchaidh a bhith aig luchd-tairgse gus amasan na farpais a choileanadh. Tha iad a' toirt a-steach ach chan eil iad cuingealaichte ri:

- Stiùireadh agus libhrigeadh pròiseict, a' gabhail a-steach stiùireadh buidseat
- Stiùireadh thachartasan
- Lionra de luchd-aithne thairis air gnìomhachas nam meadhanan, sgoiltean, às dèidh na sgoile, foghlam, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-urrais
- Eòlas air na meadhanan sòisealta – a' dèanamh cinnteach à faicsinneachd branda leantainneach agus conaltradh air ùrlaran iomchaidh
- Tuigse air cànan is cultar na Gàidhlig
- Sgilean Gàidhlig
- A bhith ag aithris

5. Fad cùmhnant

Tòisichidh an cùmhnant seo air 11 Iuchar 2022 agus thig e gu crìch air 31 Màrt 2024. Bidh roghainn ann leudachadh airson aon bhliadhna.

6. Clàr-ama libhrigidh cùmhnant

Tòisich an cùmhnant	11 Iuchar 2022
Clach-mhìle mar a tha iomchaidh	Aontaichte taobh a-staigh Plana Pròiseict agus Plana Pròiseict an Tachartas Duaisean

7. Buidseat

Tha buidseat iomlan aig FilmG de £130,000 sa bhliadhna air a bhriseadh sìos mar a leanas:

Farpais:	£70,000
Bùthan-obrach:	£30,000 (a rèir maoinachadh Riaghaltas na h-Alba airson an eileamaid seo ann an 23/24)
Tabhartas tachartais:	£30,000

8. Manaidseadh a' chùmhnannt

Bidh an cùmhnannt air a stiùireadh le Manaidsear Conaltradh Bhranndaichean MG ALBA.

9. Clàr-ama

Gu h-ìseal.

Clàr-ama	
A' dol a-mach gu tagradh	9 Cèitean 2022
Cothrom ceistean a chur	9 Cèitean 2022 – 7 Ògmhios 2022
Tagradh a' dùnadh	2f, 8 Ògmhios 2022
'S docha gun tèid agallamhan an cumail	2-3f, 9 Ògmhios 2022; 11m-12f, 10 Ògmhios 2022
Measadh	Ro 13 Ògmhios 2022
Soillearachadh (a rèir feum)	9 – 10 Ògmhios 2022
Cùmhnannt air a thoirt seachad	5f, Diluain 13 Ògmhios 2022
Breithneachadh	Dà sheachdain bho cheann-là an solarachadh
Toiseachd an obrach	11 Iuchar 2022

10. Measadh thagraidhean

Tha slatan-tomhais co-dhùnaidh air am mìneachadh gu h-ìosal. Thèid iad sin a mheasadh le pannal measaidh. Thèid fios air ais do luchd-tairgse neo-shoirbheachail a thoirt seachad ma thèid iarraidh.

Slatan-tomhais	Àireamh
Càileachd, cruthachalachd agus suaicheantas an tagraidh	15%
Eòlas ann a bhith a libhrigeadh pròiseact soirbheachail	30%
Lionra follaiseach de luchd-aithne thar ghnìomhachas nam meadhanan, agus sgoiltean targaidte, às dèidh na sgoile, foghlaim, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-taic a dh'fhaodadh a bhith nan luchd-goisteachd gus libhrigeadh a chomasachadh, no comas follaiseach air leithid de lionra a chruthachadh	10%
Eòlas dearbhte ann an dòigh-obrach ùr-ghnàthach, chruthachail a' dèanamh cinnteach gu bheil branndadh agus conaltradh leantainneach air ùrlaran meadhanan sòisealta	30%
Dearbhadh dealas don Ghàidhlig taobh a-staigh na companaidh agus toraidhean na companaidh, a' gabhail a-steach trèanadh luchd-obrach	10%
Cosgais / Luach an airgid	5%
GU H-IOMLAN	100%

11. Ceistean agus tagradh

Mura h-eil e air a mhìneachadh san Cuireadh gu Tairgse faodaidh tu na molaidhean agad a chuir a-steach anns a' chruth as freagarraiche dhut (m. e. Microsoft Word, PowerPoint is msaa).

Bu chòir na leanas a bhith san tagradh:

1. Geàrr-chunntas air an dòigh lìbhrigidh, a' gabhail a-steach molaidhean air mar a thèid amasan na farpais a thoirt gu buil.
2. Geàrr-chunntas air prìomh thàlant agus plana airson mar a thèid goireasan a chur an sàs rè na co-fharpais, bùithtean-obrach agus tachartas dhuaisean.
3. Briseadh sìos buidseit.
4. Mura tèid a shoillearachadh ann an àite eile san tagradh, aithris air mar a thèid gach slat-tomhais a choileanadh.

Faodar an cothrom na tagraidhean sin a dheasbad agus a leasachadh tro agallamhan le tagraichean aon uair 's gu bheil an tairgse dùinte.

Faodar ceistean co-cheangailte ris an Cuireadh gu Tairgse a chuir air post-d gu tender@mgalba.com. Thèid freagairtean do cheistean a chaidh a thogail rè na h-ùine tairgse agus a bhios a' nochdadh fiosrachadh nach deach fhoillseachadh roimhe nach eil san raon phoblaich fhoillseachadh air làrach-lìn MG ALBA agus/no a chuirteachadh gu gach neach-tairgse a tha aithnichte ann an cruth nota Ceistean Bitheanta (FAQ). Tha na cinn-latha iomchaidh air am mìneachadh gu h-àrd aig **9 Clàr-ama**.

B. FIOSRACHADH AGUS STIÙIREADH AIRSON LUCHD-TAIRGSE

Tha e an urra riut fhèin fiosrachadh sam bith a bharrachd fhaighinn a tha riatanach airson an tairgse ullachadh.

Feuch an cùm sibh ris an fhiosrachadh gu lèir a bheir MG ALBA seachad mar dhìomhaireachd mura feum sibh fhoillseachadh gus barrantasan no luachan fhaighinn airson an Tairgse agaibh.

Feumaidh tu tairgsean crìochnaichte a chur a-steach mar a tha air a mhineachadh ann an A: SEIRBHEISEAN AIR AN SIREADH.

- Dh'fhaodadh gum feum MG ALBA fiosrachadh fhoillseachadh, mar eisimpleir, gus gèilleadh ri Achd Saorsa an Fhiosrachaidh 2000, lagh sam bith eile, no, mar thoradh air òrdugh laghail, no òrdugh le cùirt no mòd-ceartais sam bith no buidheann eile le ùghdarras foillseachadh òrdugh.

- Mar sin, ma tha thu den bheachd gu bheil fiosrachadh sam bith anns an Tairgse agad dìomhair gu malairteach, feuch an aithnich thu e agus mìnich (san fharsaingeachd) dè an cron a dh'fhaodadh tighinn bho fhoillseachadh agus/no fhoillseachadh.

Tha MG ALBA a' glèidheadh na còrach tairgse sam bith a dhiùltadh nach eil, nam beachd-san, a' cumail ris na riatanasan.

Is dòcha nach beachdaich MG ALBA air tairgsean a gheibhear às dèidh a' chinn-latha agus an àm dùnaidh.

Tha MG ALBA a' glèidheadh na còrach an riatanas a tharraing air ais no atharrachadh aig ìre sam bith mus tèid an cùmhnant a bhuileachadh. Far a bheil atharraichean cudromach, faodaidh MG ALBA, mar a thogras e, an ceann-latha airson Tairgsean fhaighinn a leudachadh.

Bidh an neach-tairgse a' giùlan a h-uile cosgais co-cheangailte ris an eacarsaich Tairgse seo.

Thoir an aire gum faod MG ALBA iarraidh air an neach-tairgse soirbheachail barrantasan a thoirt seachad bho phàrant-chompanaidh no neach no buidheann iomchaidh eile.

Dh'iarr MG ALBA air luchd-tairgse na leanas a thoirt fa-near.

- Cha bhith dad sam bith anns a' chonaltradh eadar an neach-tairgse agus MG ALA a thaobh a' phròiseas tairgse no an fhreagairt tairgse mar chùmhnant airson seirbheis sam bith a tha air a chòmhdach leis a' phròiseas tairgse seo a thoirt seachad no barantas no riochdachadh a gheibh no a dh' fhaodadh cùmhnant sam bith a thoirt seachad.

- Tha MG ALBA a' gleidheadh na còrach tarraing a-mach às agus/no am pròiseas tairgse seo a thrèigsinn agus/no a chur dheth aig àm sam bith, gun a bhith a' toirt seachad cùmhnant sam bith mar thoradh air a' phròiseas tairgse seo, gus cur ri, ath-sgrùdadh agus/no soilleireachadh teirmichean is cumhaichean na buidhne an tairgse seo agus/no iarraidh air an neach-tairgse na freagairtean tairgse aige a shoilleireachadh agus/no fiosrachadh a bharrachd a thoirt seachad co-cheangailte riutha.

- Feumaidh tu mion-fhiosrachadh a thoirt seachad ma thathar an dùil gum bi strì eadar com-pàirtean eadar daoine a tha an sàs san tagradh agus buill de Bhòrd agus/no luchd-obrach MG ALBA.

- Tha MG ALBA a' dùileachadh gum feum na cumhachan a bhith ag iarraidh air an neach-tairgse soirbheachail na h-àrachais iomchaidh a bhith aca.

- Gheibh MG ALBA cead gun rìoghalachd, sìorraidh, gun àireamh de dhlighe-sgrìobhaidh agus chòraichean eile ann an libhrigeadh sam bith agus a h-uile càil a chruthaichear ann an solar nan seirbheisean, mura h-aontaichear gu sònraichte a chaochladh.

- Bithear a' dùileachadh gum bi an neach-tairgse soirbheachail an sàs ann an leas MG ALBA fad na h-ùine.

- Bithear an dùil gun toir an neach-tairgse soirbheachail barantas gun toir e seachad na seirbheisean a rèir gach lagh iomchaidh.

- Cleachdaidh an Neach-tairgse soirbheachail fiosrachadh dìomhair MG ALBA a-mhàin airson a dhleastanasan fon aonta a choileanadh agus cha nochd e fiosrachadh dìomhair do neach sam bith ach a-mhàin don luchd-obrach aige no gus gèilleadh ri dleastanasan laghail sam bith;

- Bithear an dùil gun toir an neach-tairgse soirbheachail gach taic reusanta do MG ALBA gus leigeil le MG ALBA dèiligeadh ri iarrtasan sam bith a thèid a dhèanamh a rèir Achd Saorsa an Fhiosrachaidh 2000;

- Thathas an dùil gun cuir MG ALBA crìoch air an aonta le fios 1 mìos a thoirt seachad. Faodaidh MG ALBA an t-aonta a thoirt gu crìch sa bhad cuideachd far a bheil an neach-tairgse soirbheachail ann am briseadh susbainteach air gin de na dleastanasan aige, far nach eil gin de na prìomh luchd-obrach ri fhaighinn gus na seirbheisean a sholarachadh, far a bheil an neach-tairgse a' tighinn gu crìch, far a bheil neach-gabhail air a chur an dreuchd thairis air gin de na dleastanasan aca, far nach urrainn don Neach-tairgse na fiachan aige a phàigheadh, far nach stad an neach-tairgse a bhith a' cumail a ghnothaich, no far a bheil atharrachadh smachd air an neach-tairgse.

- Às dèidh crìoch a chuir air an aonta, bithear an dùil nach bi dleastanas sam bith air MG ALBA pàigheadh sam bith a thoirt don Neach-tairgse ach a-mhàin an obair a chaidh a chrìochnachadh; tillidh an Neach-tairgse gu MG ALBA a h-uile seilbh a bhuineas do MG ALBA; bheir an Neach-tairgse a h-uile taic reusanta do MG ALBA gus leigeil le MG ALBA an obair ann an solar nan seirbheisean a chrìochnachadh; agus bidh na prìomh chumhachan a chaidh ainmeachadh gu h-àrd fhathast ann an èifeachd.

- Feumaidh an neach-tairgse soirbheachail cumail ris na còdan cleachdaidh, reachdas agus stiùireadh a leanas (am measg feadhainn eile):

o Reachdas Slàinte is Sàbhailteachd
o GDPR agus Achd Dìon Dàta 2018

- Dh'fhaodadh gum bi no nach bi reachdas TUPE a' buntainn. Tha fiosrachadh iomchaidh aig MG ALBA a tha ri fhaotainn do luchd-tairgse san amharc air stèidh a tha gu tur dìomhair. Feuch an cuir thu a-steach cosgaisean TUPE a dh'fhaodadh a bhith ann am buidseat air leth ann an tagradh sam bith.

C. SLATAN-TOMHAIS DUAIS AGUS MEATRAGS SGÒRAIDH

Ni pannal measaidh sgòr air freagairtean an Neach-tairgse.

Tha slatan-tomhais càileachdail air am measadh mar a leanas:

0	Chan eil e a' nochdadh comas coinneachadh ris na slatan-tomhais
1	A' dèiligeadh gu ìre ris na slatan-tomhais ach chan eil mion-fhiosrachadh gu leòr ann
2	A' dèiligeadh ris na slatan-tomhais san fharsaingeachd ach chan eil mion-fhiosrachadh ann an cuid de raointean
3	A' dèiligeadh ris na slatan-tomhais agus a' toirt seachad mion-fhiosrachadh gu leòr
4	A' dèiligeadh gu coileanta ris na slatan-tomhais agus a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air mar a thèid an riatanas a choileanadh gu h-iomlan

Feumaidh tagradh soirbheachail sgòr co-dhiù **2** fhaighinn anns gach raon.

Tha cuideam air a' mheasadh an uair sin gus sgòr a thoirt gu buil, mar a tha air a mhìneachadh sa mheatrags

Meatrags Sgòraidh	Measadh	Cudrom	Sgòr
	<i>a</i>	<i>b</i>	$a \times (100\%/b)$
Slat-tomhais	0-4	XX%	
Slat-tomhais	0-4	XX%	
Slat-tomhais	0-4	XX%	
Slat-tomhais	0-4	XX%	
Slat-tomhais	0-4	XX%	
Cosgais fo h-iomlan		XX%	
Pris / Luach an airgid		XX%	
GU H-IOMLAN		100%	

Gheibh an tairgse leis a' phrìs as ìsle agus/no an luach as fheàrr airson airgead an sgòr as àirde airson Prìs/Luach an airgid. Thèid tairgsean eile a sgòradh le iomradh air an sin.

D. CEISTEACHAN: FIOSRACHADH RIATANACH AGUS DEARBHADH

Feuch an lion thu agus cuir air ais am fiosrachadh a leanas.

Bidh a h-uile fiosrachadh pearsanta a thèid a thoirt seachad air a làimhseachadh mar dhìomhaireachd agus bidh e fo smachd laghan dìon dàta.

Feuch an cuir thu fios gu [Sanas Dìomhaireachd MG ALBA](#) airson mion-fhiosrachadh air mar a làimhsicheas agus a chleachdas sinn d' fhiosrachadh pearsanta.

AINM NA BUIDHNE
Seòrsa Buidheann (me, Companaidh earranta le earrannan, Companaidh earranta le barantas, com-pàirteachas, msaa)
Seòladh
Prìomh neach ainmichte
Mar a gheibhear grèim ort
Àireamh fòn
Seòladh p-d
Seòladh làraich-lìn (ma tha sin iomchaidh)
Àireamh Clàraidh VAT
Ma tha an Tairgse agad às leth co-iomairt no co-bhanntachd, thoir seachad (a) prìomh ainm; (b) ainm agus seòladh gach ball den cho-bhanntachd a tha san amharc; (c) ceudad ùidhean gach ball; agus (d) an dreuchd a bhios gach ball a' coileanadh agus an àireamh sa cheud a thathar an dùil a bhith an sàs ann.
Ma tha thu am beachd fo-chunnradairean a chleachdadh, thoir seachad mion-fhiosrachadh mu gach fo-chunnradair (ma tha fios) agus an dreuchd san amharc.

Bheil na h-àrachais a tha air an comharrachadh gu h-ìosal agaibh no bheil sibh am beachd am faighinn, agus ma tha, gu dè an ìre ionmhais:

- Àrachas buailteachd fastaiche (èigneachail).
- Àrachas Buailteachd Poblach
- Àrachas Indemnity Proifeasanta

Mus tèid an Duais a bhuileachadh, bidh MG ALBA airson sgrùdadh a dhèanamh air iomchaidheachd ionmhais is gnìomhachais anns gach aon de na raointean a leanas:

- Adhbharan airson Toirmeasg Riatanach
- Adhbharan airson Toirmeasg Roghainneil
- Suidheachadh eaconamach is ionmhais
- Àrachais
- Co-ionannachd
- Riaghladh Àrainneachdail
- Slàinte is sàbhailteachd
- Poileasaidhean agus cleachdaidhean cosnaidh (m.e. dealas a thaobh iomadachd is in-ghabhail, tuarastal bith-beò msaa)

Faodaidh tu beachd a thoirt seachad mar a tha iomchaidh gu h-ìosal.

* Tha mi/Tha sinn ag aontachadh cumail ris an Tairgse seo bhon cheann-latha a chaidh a shuidheachadh airson tairgsean fhaighinn, gus an tèid Cùmhnant a bhuileachadh.

*Tha mi/tha sinn a' tuigsinn nach eil e mar dhleastanas air MG ALBA gabhail ris an tairgse as ìsle no ri tairgse sam bith agus nach bi e mar fhiachaibh air a' Chunnradair a chleachdadh mar aon sholaraiche.

Ainm-
sgriobhte

Ainm:

(LITRICHEAN
MÒRA)

Dreuchd

Le ùghdarras iomchaidh ainm a chuir ri tairgsean airson agus às leth:

Ainm an neach-
tagraidh

Ceann-là